

26 Sultain 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Bruach na Muilne. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- An fheallsanachd choibhneil is na dàimhean cùramach, spèiseil air feadh na sgoile is anns na raointean de thaic leasaichte agus an sgoil-àraich. Tha clann a' dol an sàs gu math san ionnsachadh aca.
- Na h-àrd-cheannardan agus an luchd-obrach ag obair còmhla ann a bhith a' leasachadh is a' toirt phròiseasan is siostaman ùra na sgoile gu buil. Tha iad seo a' tòiseachadh air deagh bhuaidh a thoirt air builean chloinne.
- Tha a' chlann a' leasachadh sgilean cudromach leithid gabhail uallach is misneachd tro chaochladh choileanaidhean taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile.
- Fileantachd na cloinne ann an Gàidhlig sna clasaichean Meadhan na Gàidhlig. Tha seo ga leasachadh tro chleachdadh nan tidsearan, obair chom-pàirtichean is clann a' gabhail pàirt ann an caochladh de thachartasan sgoile.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Leasaich cunbhalachd ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-chàileachd thar na sgoile, a tha a' tachairt ri feumalachdan chloinne agus a' brosnachadh ionnsachadh chloinne.
- Leasaich cleachdadh cluiche tron sgoil, a' togail air an obair èifeachdach a tha a' tachairt san sgoil-àraich.
- Cùm a' dol ag àrdachadh buileachadh, gu sònraichte ann an litearrachd agus Beurla.
- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan is luchd-obrach leantainn orra a' sgrùdadh is a' cleachdadh dàta gu h-èifeachdach. Bidh seo gan cuideachadh a' luachadh èifeachdas na taic a tha ga thoirt seachad agus a' dèanamh cinnteach gu bheil e a' toirt deagh bhuaidh air buileachadh chloinne thar ùine agus anns gach raon den churraicealam.
- Meudaich faicsinneachd na Gàidhlig ann an àrainneachd na sgoile gus clann uile a chuideachadh ann a bhith a' ceangail ris a' chànan is a' chultar. Bu chòir dhan cheannard-sgoile dèanamh cinnteach gu bheil tuigse aig clann thar na sgoile air a' Ghàidhlig mar chànan, agus air cultar is buannachdan na Gàidhlig.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagra](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram chloinne?](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Bruach na Muilne

| Taisbeanairan càileachd airson na bun-sgoile | Luachadh |
|--|------------|
| Ionnsachadh, teagasg agus measadh | math |
| Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh | riarachail |
| Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagra) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing | |

| Comharran càileachd airson clas na sgoil-àraich | Luachadh |
|--|----------|
| Ionnsachadh, teagasg agus measadh | math |
| A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas | math |
| Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing | |

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:
[Reports page | Inspection reports | Education Scotland.](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn cinnteach gu bheil comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Celia McArthur
Neach-sgrùdaidh an Rìgh